

**SCREEN SCOTLAND
SGRÌN ALBA**

MAOIN FÈIS FILM AGUS PRÒGRAM SCRÌNIDH

**STIÙIREADH IARRTAIS
AIR ATHARRACHADH SA GHIBLEAN 2022**

 Awarding funds from
THE NATIONAL LOTTERY®



ALBA | CHRUTHACHAIL

Mun mhaoin seo

Tha a' mhaoin luach £600,000 seo a' cumail taic ri buidhnean a tha a' ruith fèisean film agus prògraman sgrìn a leudaicheas ruigsinneachd, doimhneachd is iomadachd cultar sgrìn do luchd-amhairc ann an Alba. Leigidh a' mhaoin seo le buidhnean seo a dhèanamh ann an dòigh a tha ion-obrachail, seasmhach, riochdachail agus aig àrd-inbhe le buaidh bhrìoghmhor agus le com-pàirteachas nan coimhearsnachd a thathas a' feuchainn ri ruighinn.

Thathas a' moladh gu làidir gun leugh daoine a tha a' cur romhpa a bhith nan tagraichean an stiùireadh seo agus a' Bhileag Tagraidh gu mionaideach is gun cur iad ceistean sam bith ron tagradh.

Gabhaidh tagraidhean a dhèanamh air stèidh leantainneach gu Dimàirt 29 Samhain 2022.

Mu Sgrìn Alba

Tha Sgrìn Alba a' treòrachadh fàs na roinne tro thuilleadh ionmhais agus taic do riochdairean film is telebhisean, àrdachadh san àireamh luchd-obrach le sgilean agus maoineachadh a bharrachd ann an sgilean, fèisean, slughan-amhairc agus foghlam.

Tha Sgrìn Alba na pàirt de dh'Alba Chruthachail agus 's e a tha ann com-pàirteachas còmhla ri Iomairt na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean agus Comhairle Maoineachadh na h-Alba Chruthachail, le ionmhas bho Riaghaltas na h-Alba agus an Crannchur Nàiseanta. Tha sinn a' maoineachadh, a' leasachadh agus a' leudachadh roinn sgrìn na h-Alba le:

- A' meudachadh na thathas a' dèanamh le àrdachadh a thoirt air maoineachadh is taic gus am fàs prògraman film is telebhisean à Alba a thaobh an dà chuid àireamh agus iomadachd.
- A' cruthachadh solarachadh leasachadh gnìomhachais do ghnìomhasan sgrìn, is a' dèanamh cinnteach gu bheil comhairle is taic freagarrach is furasta ruighinn orra.
- A' toirt feabhas air cothroman cosnaidh san roinn tro chothroman co-òrdanaichte a bharrachd do thrèanadh is leasachadh.
- Slughan-amhairc a leasachadh le cothrom nas fheàrr air prògraman telebhisean is filmichean san dùthaich is gu h-eadar-nàiseanta.
- A' toirt fàs is feabhas air bun-structar sgrìn na h-Alba, na lùib goireasan stiùidio.
- A' leasachadh ainm na h-Alba mar ionad do dhèanadas is co-riochdachadh eadar-nàiseanta, le taic bhon t-sàr-tàlant, sgiobaidhean agus goireasan againn, is na làraichean air leth againn.

Geàrr-iomradh mun Mhaoin

Cò dha tha a' mhaoin seo?

Bheir a' mhaoin seo taic do bhuidhnean a tha a' cur romhpa a bhith ri fèisean film is nochdadh filmichean ann an Alba, a' leigeil leotha rudan a chur air dòigh gu poblach do luchd-amhairc. Bu chòir do na gnìomhan aca cur ri iomadachd cultaran sgrìn ann an Alba, a bhith eadar-dhealaichte is sònraichte, agus a tharraingead luchd-amhairc nach fhaicear tric is a bheir orra a dhol an sàs sa chùis.

Dè tha ùr?

B' e seann ainm na maoin seo Maoin nam Fèis Film. Sa Ghiblean 2022 chuir sinn a' mhaoin air bhog a-rithist le na h-atharraichean susbainteach a leanas:

- Tha prìomhachasan ùra aig a' mhaoin, nam measg, taic ri prògraman sgrìnidh.
- Tha sinn a' ruith sgeama phàrlaimènt Inbhean Iomadachd BFI – feumaidh Sgrìn Alba agus gach tagraiche don mhaoin seo nochdadh gu bheileas a' toirt feart air an seo.
- Tha a' bhileag tagraidh cuideachd ag iarraidh barrachd mìneachaidh mu cò iad na sluaghan-amhairc air a bheileas ag amas agus ciamar a fhreagras na gnìomhan agaibh air Co-ionannachdan, Iomadachd agus Ion-ghabhaltas.
- Tha a' mhaoin air gluasad gu clàr-ama co-dhùnaidh de 12 sheachdain agus thathas ag iarraidh air tagraidhean co-dhiù 5 mìosan fhàgail mus tèid tachartas poblach air adhart.
- Fuirichidh a' mhaoin fosgailte gu ceann-là dùnaidh 2022 - 's e sin Dimàirt 29 Samhain 2022 – no uair is gun tugadh seachad an £600k gu lèir (as bith dè as tràithe).

Dè na th' ann de dh'airgead anns a' mhaoin seo?

Uile gu lèir, tha £600,000 sa mhaoin seo.

Cò dh'fhaodas tagradh a dhèanamh?

Tha a' mhaoin seo fosgailte do bhuidhnean ùra is a tha ann mar-thà a tha stèidhichte ann an Alba agus a chumas fèisean film agus a nochdas nithean sgrìn do luchd-amhairc ann an Alba.

Cò nach fhaod tagradh a dhèanamh?

- Daoine is buidhnean gun stèidh fhoirmeil.
- Buidhnean a tha stèidhichte taobh a-muigh Alba.
- Chan fhaod Buidhnean Maoinichte gu Cunbhalach (RFO) tagradh a dhèanamh agus faodaidh iad a bhith nan com-pàirtichean ann am pròiseactean.

- dèanadas a chuimsicheas air gnìomhachas, leasachadh no foghlam mar phrìomh amas. Mas e seo prìomh amas ur dèanadais, cuiribh post-d gu enquiries@creativescotland.com agus bheir iad barrachd comhairle dhuibh no ceanglaidh iad sibh ris an roinn fhreagarrach ann an Sgrìn Alba.

Airson liosta slàn faicibh Duilleag 10.

Dè am fiosrachadh a dh'fheumas sibh a thoirt seachad san tagradh agaibh?

- Dearbhadh gun do chuir sibh tagradh gu na [h-Inbhean Iomadachd BFI](#).
- Fiosrachadh mun bhuidheann is mun sgioba agaibh agus càite bheil an dèanadas a' gabhail àite.
- Prìomh fiosrachadh dèanadais, le aire shònraichte do na leanas:
 - Prìomhachasan is amasan na buidhne
 - Plana Ionmhais
 - Prògramadh
 - Prìomh luchd-amhairc agus ciamar a ruigeas sibh iad agus a bheir sibh iad an lùib chùisean.
 - Ruigsinneachd
 - Dè tha eadar-dhealaichte mun dèanadas agaibh ann an Alba (agus ma tha e brìoghmhor san RA is gu h-eadar-nàiseanta)
 - Feum an luchd-amhairc/coimhearsnachd air an dèanadas.
 - Com-pàirtichean leis am bi sibh ag obair gus ur luchd-amhairc a ruighinn.
 - Amasan is prìomhachasan co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhalachd
 - Dèanadas co-cheangailte ri seasmhachd is obair àrainneachd
 - Fiosrachadh mionaideach ionmhais a' gabhail a-steach buidseit is plana ionmhais a thaobh an dèanadais ris a bheil dùil. Faodaidh sinn cuideachd cur a dh'iarraidh nan cunntasan sgrùdaichte as ùire agaibh far am bi sin riatanach agus iomchaidh.

Carson a tha a' Mhaoin Fèis Film is Prògram Sgrìn ann?

'S e a tha ann an Alba dachaigh do dh'iomadh seòrsa fèis film, a' gabhail a-steach mòran diofar chuspair, seòrsa agus coimhearsnachd. The fèisean stèidhichte air luchd-èisteachd dileas a chosnadh agus iad air fàs socraichte sa mhìosachain chultarail. Tha fèisean ùra a' ruighinn agus a' riochdachadh coimhearsnachdan aig nach robh mòran chothroman a bhith an lùib cultar film gu ruige seo. Tha Sgrìn Alba a' cur luach is a' cumail taic ris an fharsaingeachd seo de thaisbeanadh film agus ris an fheadhainn a tha ag obair anns an roinn air feadh Alba. Tha sinn cuideachd ag aithneachadh gu bheil cosgaisean an lùib tachartasan adhartail a chur a dhol agus strì a dh'ionnsaigh cleachdadh as fheàrr mar phàirt den sin.

Thathas cuideachd ag aithneachadh, do chuid de shluaghan-amhairc, nach eil fèisean film na h-aon suidhichean far an coinnich is far an rannsaich iad cultar nam film, agus ann an 2022-23 tha iad a' feuchainn leudachadh air an sgeama gus taic a chumail ri prògraman sgrìnidh nach eil nam fèisean a ruigeas slughan-amhairc nach eil gam frithealadh agus/no cothrom a thoirt do riochdairean film à buidhnean is coimhearsnachdan le dìth riochdachaidh. Aithnichidh sinn cuideachd gu bheil earrainn den obair a' gabhail àite tro shlighean digiteach nuair as e seo an dòigh as fheàrr ruighinn air cuid de na slughan-amhairc a tha an lùib prìomhachasan na maoine.

Cuidichidh ar maoin gus am bi tagraichean ri obair le buaidh mhòr is le tairgse chultarach air leth, a chruthaicheas buaidhean brìoghmhor anns na coimhearsnachdan a thathas a' feuchainn ri ruighinn agus a bheir iad a-steach don obair, far an gabh sin a dhèanamh. Tha ar maoin a' cur taic ri co-obrachadh is com-pàirteachas far a bheil an leithid iomchaidh.

Tha a' mhaoin seo a' cumail taic ri buidhnean na h-iomairtean taisbeanadh film sin ann an dòigh a nì cinnteach gum bi an obair in-obrachail, seasmhach a rèir ionmhais, a chuimsicheas air buaidh, agus gan toirt seachad ann an dòigh a nì cinnteach gum faigh luchd-obrach, luchd com-pàirteachaidh is luchd-amhairc luach asta.

Mar phàirt den obair againn gus an gnìomhachas film a dhèanamh nas in-ghabhailteach agus nas co-ionann tha Sgrìn Alba a' gabhail ri Inbhean Iomadachd BFI. Is iad [Inbhean Iomadachd BFI](#) frèam-obrach gus dèiligeadh ri dìth-riochdachaidh is co-ionannachd chothrom adhartachadh ann an raointean sgrìn. Ag obair còmhla, dh'ullaich BFI is Sgrìn Alba cuid de riaghailtean a tha sònraichte do dh'Alba gus an riochdaich pròiseactan muinntir na h-Alba nas fheàrr. Tha sinn ri sgeama phileatach bliadhna, bho 1 Ghiblean 2022. Feumar freagairt a-nis air Inbhean Iomadachd BFI – gus an dèanar tagradh ri [Maoin Fèis Film is Prògram Sgrìn](#) Sgrìn Alba. Bithibh mothachail nach ruig sibh an leas, aig an ìre seo, ach sealltainn gun do chuir sibh

tagradh gu na h-Inbhean Iomadach oir bidh measadh am BFI mar phàirt de phròiseas measaidh na maoin.

Bidh a' mhaoin de £600,000:

- A' cur airgead ri dèanadas fèis is nochdadh film a bhios air leth, sàr-mhath agus ga mheas le na coimhearsnachd air an ruig e.
- A' meudachadh ruigsinneachd is cothrom air fèisean do choimhearsnachdan gun riochdachadh, an dà chuid a thaobh làrach is sluagh.
- A' cur taic ri buidhnean gus am fàs iad ann an dòigh ion-obrachail, seasmhach.

Dè na prìomhachasan a tha aig a' mhaoin?

Tha sinn a' creidsinn gu bheil buidhnean fallain, ion-obrachail, cruthachail riatanach gus an glèidhear is gus am fàs roinn nam fèis. Tha àite bunaiteach aig fèisean a thaobh ceangal a dhèanamh ri sluaghan-amhairc, a' leudachadh cultar film agus a' leudachadh ruigsinneachd. Tha sinn cuideachd airson taic a chumail ri prògraman sgrìn a fhreagras air coimhearsnachdan san roinn nach eil gam frithealadh gu leòr. Bheir sinn taic do bhuidhnean aig a bheil obair a bheir fàs air an t-sluagh-amhairc airson film is meadhanan neo-eisimeileach, cruthachail agus ùr-ghnàthach agus farsaingeachd de phrògraman a thoirt a dh'Alba.

Gus na h-amasan sin gu h-àrd a choilionadh, cleachdar an t-airgead gu h-àraid gus:

- Cuideachadh le ionadan agus fèin-fhiosrachaidhean càirdeil far am meal daoine cultar sgrìn agus far an tèid diofar sluaghan-amhairc an sàs annta, agus a' cuimseachadh gu sònraichte air an fheadhainn le dìth riochdachadh no dìth frithealaidh. Faicibh an earrainn mu dheidhinn Co-ionannachdan, Iomadachd agus In-ghabhaltachd gu h-ìseal.
- Taic a chur ri buidhnean a nì an seasmhachd fhèin is sàbhailteachd is dìon an luchd-obrach cinnteach tro a bhith seasmhach a thaobh airgid, dìlseachd do dh'obair chothromach, deagh riaghladh agus ruigsinneachd.
- Cumhachd a thoirt do dhiofar luchd-prògraim, luchd-taisbeanaidh is sluagh-amhairc gus obair sàr-mhath, ùr-ghnàthach, cruthachail agus buadh-mhor a sgaoileadh a cheanglas ri cuspairean is beachdan làthaireil is a tha a' nochdadh.
- Frithealadh is cothrom a bharrachd a bhith ann do choimhearsnachdan (an dà chuid a thaobh làrach is sluagh) as aonais no le glè bheag de chothrom air cultar film agus tachartasan ullachadh a fhreagras ri feuman, ùidhean agus beatha na coimhearsnachd, agus a bheir an sàs iad ann am planadh is toirt gu buil.
- Tachartasan a libhrigeadh a tha air leth anns na coimhearsnachdan is àitichean a thathas a' frithealadh agus nach dùblaich na tha ann mar-thà.

Dè an dèanadas ris an cur a' mhaoin taic?

Bithear a' sùileachadh gun cur gach duais às a' mhaoin seo ri leasachadh bhuidhnean agus cur air dòigh prògraman fèisean film no taisbeanadh sgrìn taobh muigh fèise, a bhios fosgailte don mhòr-shluagh. Thoiribh fa-near mar a chuidicheas ar n-ionmhas gus sgioba làidir, deagh chleachdaidhean obrach is leasachadh seasmhach a thoirt air adhart. Mholamaid ar n-ionmhas a chleachdadh gus na cinn-uidhe sin a ruighinn, agus far an gabh a dhèanamh, gum bu chòir tùsan airgid eile ur cuideachadh gus toirt air ur prògram fàs (m.e. obair le sponsairean, urrasan prìobhaideach no com-pàirtichean airson diofar seòrsa obair).

Faodar tagradh a dhèanamh airson farsaingeachd cosgaisean prògraim, leithid:

- Obair leasachadh buidhne.
- Cosgaisean airgead a thogail agus leasachadh tùsan teachd-a-steach.
- Sgrùdadh phrògraim, luchd-amhairc agus buidhne, agus leasachadh (mar phàirt de lìbhrigeadh a' phròiseict san fharsaingeachd).
- Cosgaisean luchd-obrach an lùib a' phròiseict. Bithear a' sùileachadh prionnsabalan [Obair Chothromaich](#) a bhith anns na poileasaidhean HR is fastadh agaibh.
- Trèanadh is leasachadh proifeiseanta luchd-obrach (am measg eile: margaidheachd digiteach, tachartasan so-ruigsinneachd a chur air dòigh, trèanadh an aghaidh leth-bhreith, trèanadh HR, Burraidheachd is Sàrachadh 7c.).
- Co-chomhairleachadh is for-ruigheachd anns a' phròiseas planaidh, gu h-àraid gus a bhith ri conaltradh ri coimhearsnachdan gun fhrithealadh.
- Cosgaisean phrògraim (leithid iasad film, luchd-òraid air aogheachd, bùithtean-obrach/ sàr-chlasaichean).
- Cosgaisean inntrigidh (am measg eile: fo-thiotail an lùib agus/no air falbh, mìneachadh BSL, Iomradh Fuaime, measadh ruigsinneachd agus luchd-comhairleachaidh).
- Tiogaidean, cairtean riochdairean agus siubhal airson rannsachadh phrògraim.
- Fastadh uidheamachd/ionaid.
- Cosgaisean goireasan air-loidhne.
- Cosgaisean margaidheachd is follaiseachd (a' gabhail a-steach clò, air-loidhne, PR).
- Leasachadh sluagh-amhairc agus obair for-ruigheachd, na measg togail com-pàirteachais
- Obair conaltradh is foghlaim ceangailte ris a' phrògram agaibh.
- Obair gnìomhachais ceangailte ris a' phrògram agaibh.
- Cosgaisean conaltradh coimhearsnachd dìreach:

- Leithid, luchd-obrach aon ghnothaich Conaltradh Luchd-amhairc agus For-ruigheachd/ com-pàirtichean a chuireas taic ri làthaireachd muinntir na coimhearsnachd.
- Gnìomhan is iomairtean a fhreagras air cnapan-starraidh do bhith an làthair agus a bhith an sàs ann.
- Cosgaisean sgrùdaidh is measaidh.
- Cosgaisean tèarainteachd.

Cha bhi cosgaisean a chruinnichear mus dearbhar ar taic-airgid airidh air cuideachadh.

Cò dh'fhaodas tagradh a dhèanamh son ionmhais?

Tha a' mhaoin seo fosgailte do bhuidhnean ùra is a tha ann mar-thà a tha stèidhichte ann an Alba agus a chumas fèisean film agus a nochdas nithean sgrìn a-rèir amasan na maoin seo. Feumaidh gach sgrìneadh làthaireil agus pearsanta agus dèanadas a gheibh taic dìreach bhon mhaoin a shealltainn do luchd-amhairc ann an Alba. Cha bhui an cuingealachadh seo do dhèanadas digiteach; ge-tà, bu chòir gur iad sluaghan-amhairc Albannach a' chiad amas.

Mholamaid do dh'fhèisean no luchd-taisbeanadh ùra - nam measg buidhnean nach eil ri taisbeanadh film an-dràsta ach a tha a' beachdachadh air fèis film no prògram sgrìnidh a chumail - a thighinn a bhruidhinn rinn gus bruidhinn mun phròiseict ro thagradh.

Ma tha sibh airson bruidhinn air am biodh e iomchaidh dhuibh tagradh, cuiribh fios thugainn aig enquiries@creativescotland.com.

Chan fhaod ach fèisean is prògraman sgrìnidh a thachras gu tur ro 1 Giblean 2023 tagradh a dhèanamh. A thaobh pròiseactan a ghabhas àite às dèidh a' chinn-là seo bidh cothrom ann tagradh a dhèanamh fo riaghailtean eadar-dhealaichte eile. Ma tha ceistean no draghan oirbh mun seo, feuch an cur sibh fios thugainn.

Cò nach fhaod tagradh a dhèanamh?

Cha bu chòir na leanas tagradh a dhèanamh airson na maoin seo. Thoiribh fa-near nach eil seo ag ainmeachadh gach suidheachadh agus ma thathas mì-chinnteach a bheil an tagradh agaibh freagarrach, cuiribh fios thugainn ro ur tagradh.

- Daoine fa leth
- Buidhnean gun stèidh fhoirmeil.
- Buidhnean nach eil stèidhichte ann an Alba. Ma tha sibh stèidhichte taobh a-muigh Alba agus sibh airson a bhith ri obair ann an Alba, iarraidh sinne oirbh a bhith ag obair còmhla ri com-pàirtiche ann an Alba agus gur h-iad a bhios anns a' phrìomh àite san tagradh.
- Chan fhaod Buidhnean Maoinichte gu Cunbhalach (RFO) le Alba Chruthachail tagradh a dhèanamh mar phrìomh thagraiche, ach faodaidh iad a bhith nan com-pàirtichean ann am pròiseactan eile. Cha bu chòir RFOs a bhith nam prìomh luchd-tairbhe air an ionmhas no a' phrìomh àite a bhith aca. Mas sibh RFO le pròiseict a fhreagras air amasan na maoin seo agus sibh ag iarraidh bruidhinn air, cuiribh fios thugainn aig screen@creativescotland.com
- Buidhnean a tha ag iarraidh ionmhais airson dèanadais nach eil a rèir amas na maoin (a' gabhail a-steach dèanadas a tha a' cuimseachadh air gnìomhachas, foghlam no leasachadh sgilean)

- Buidhnean gun chunntas-banca san RA.
- Buidhnean/gnìomhachasan ann an rianachd, an làmhan luchd-trusaidh nam fiach no air a dhol fodha.

Cia mheud a dh'fhaodas mi iarraidh?

Seo maoin le stòras £600,000 airson 2022. Tha dùil againn tabhartasan air leth a thoirt de eadar £10,000 agus £60,000. Ma tha coltas ann gum bi cosgaisean ur pròiseict fada a-mach à seo cuiribh fios gu Sgrìn Alba gus bruidhinn mun tagradh agaibh.

Ma tha sibh a' sireadh nas lugha na £10,000, bu chòir dhuibh smaoinichadh air tagradh a chur do [Mhaoin Taisbeanadh Film](#) aig Film Hub Scotland. Thoiribh fa-near gun dùin a' mhaoin air 30 Cèitean 2022.

Feumaidh co-dhiù maoinichadh com-pàirteachas airgid 10% a bhith an cois tagraidh agus 's e cuideachadh a bhios ann ma bhios barrachd airgid no taic ann an stuth bho chom-pàirtichean no a' bhuidheann a tha ri tagradh. Cha bheachdaich sinn air barrachd air 90% de bhuidseit phròiseict a thoirt seachad ach ann an suidheachadh air leth sònraichte. Bithear a' sùileachadh gum bith taic susbainteach mar-thà a thaobh co-ionmhasachadh is taic com-pàirtichean aig fèisean is prògraman sgrinidh a tha stèidhichte mar-thà.

Air sgàth iarrtais, cha tèid leinn air taic a chur ri gach uile tagradh a gheibh sinn.

Cuin as urrainn dhomh tagradh a dhèanamh?

Gabhaidh tagraidhean a dhèanamh air stèidh leantainneach bho mheadhan-là Dimàirt 7 Giblean 2022 gus an dùin a' mhaoin. Dùinidh a' mhaoin Dimàirt 29 Samhain 2022 – no aon uair is gun tugadh seachad an airgead gu lèir (as bith dè as tràithe).

Ma bhios coltas ann, a rèir na gheibhear de thagraidhean gun toir a' mhaoin seachad a cuid airgid gu lèir agus gun dùin i ro 29 Samhain 2022, innsidh sinn mun dùnadh tràth thairis air sianail fiosrachaidh Sgrìn Alba gu lèir (nam measg Twitter, ann am mìosachan post-d Sgrìn Alba, air làrach-lìn Sgrìn Alba agus air làrach-lìn Cothroman Alba Chruthachail). Ma tha sibh ri tagradh san dàrna leth de 2022, mholamaid gun cuireadh sibh fios thugainn ron tagradh agaibh feuch a bheil airgead fhathast ann agus gu bheileas fhathast a' gabhail ri tagraidhean.

Thoiribh fa-near gun lean am pròiseas tagraidh son 12 sheachdain agus nach cuidich sinn le cosgaisean taic a thig ro cho-dhùnadh mu mhaoin. Mholamaid le sin tagradh tràth ma tha airgead airson ùine nas fhaide a dhìth oirbh ro cinn-là nan tachartas agaibh.

Mholamaid gun dèan na tagraichean na tagraidhean aca co-dhiù 5 mìosan ro thoiseach an tachartais aca. Às dèidh Diluain 23 Cèitean 2022, bidh seo **riatanach**.

Ma tha tachartas agaibh a' gabhail àite ron t-Sultain 2022, agus dùil agaibh tagradh a dhèanamh ro 23 Cèitean 2022 cuiribh fios gu enquiries@creativescotland.com gus bruidhinn air an tagradh agaibh feuch an gabh sinn ri tagradh.

Clàr-ama na maoinne

Foillseachadh stiùireadh maoinne agus pròiseas tagraidh fosgailte do thagraidhean
Diciadain 6 Giblean 2022

Clàr-ama airson co-dhùnaidh

12 sheachdain às dèidh bileag tagraidh làn is coileanta a chur a-steach.

Dùinidh a' mhaoin do thagraidhean

Dimàirt 29 Samhain 2022 no aon uair is gun tugadh seachad an airgead gu lèir, às bith dè as tràithe.

Feumaidh dèanadas àite a ghabhail ro

Cha toir a' mhaoin taic ach do thachartasan a ghabhas àite ro 1 Giblean 2023.

A thaobh tagraidhean a fhuaras air na **ro Diluain 23 Cèitean 2022** thathas a' moladh gun cuir sibh tagradh a-steach co-dhiù 5 mìosan ron tachartas phoblach agaibh.

A thaobh tagraidhean a fhuaras às dèidh **Diluain 23 Cèitean 2022** feumar tagradh a chur a-steach co-dhiù 5 mìosan ron tachartas phoblach agaibh.

Tha na clàran-ama sin ann gus am bi pròiseas co-dhùnaidhean ceart cothromach ann agus gus dèiligeadh ri buaidhean sam bith a bheir an co-dhùnadh air libhrigeadh ur tachartas.

Thoiribh fa-near nach cuidich sinn le cosgaisean taic a thig ro cho-dhùnadh mu mhaoin.

Càite am faigh mi comhairle is taic gus tachartas a chur air dòigh?

Tha grunn bhuidhnean is goireasan ann dhuibh ma tha cuideachadh a dhìth oirbh ur buidheann agus dèanadas a leasachadh. Tha an liosta a leanas a' gabhail a-steach buidhnean aig a bheil goireasan, uidheamachd is cùrsaichean trèanaidh a dh'fhaodadh cuideachadh.

- [Film Hub Scotland](#)
- [Independent Cinema Office](#)
- [Regional Screen Scotland](#)
- [Creative Carbon Scotland](#)
- [Inclusive Cinema](#)
- [Buidhean Facebook UK Cinemas](#)
- [Planaichean Gnìomh Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhaltachd Uidheaman](#)
- [Ealainean agus Gnothachas Alba](#)
- [The Fair Work Convention](#)
- [UK Film and TV Charity](#)
- [BECTU](#)
- [Riaghailtean BECTU's mu Bhurraidheachd is Sàrachadh Bhurraidheachd is Sàrachadh | Bectu](#)
- [Screen Skills Careers, jobs and skills training in film, TV, VFX, animation and games – ScreenSkills](#)

Co-ionannachdan, Iomadachd agus In-ghabhaltachd

Inbhean Iomadachd BFI - sgeama pìleatach Sgrìn Alba

Is iad Inbhean Iomadachd BFI frèam-obrach gus dèiligeadh ri dìth riochdachaidh is co-ionannachd chothrom adhartachaidh ann an raointean sgrìn.

Is i Sgrìn Alba a' bhuidheann as ùire a tha air gabhail ri [Inbhean Iomadachd BFI](#), air dhaibh sgeama pìleatach a ruith anns a' chiad dol-a-mach bho 1 Giblean 2022. Is e seo pàirt de dhleastanas Sgrìn Alba a thaobh co-ionannachd, iomadachd is in-ghabhaltas agus le amas iomadachd is in-ghabhaltas adhartachadh am measg bhuidhnean le dìth-riochdachaidh sa raoin sin.

Ag obair còmhla, dh'ullaich BFI is Sgrìn Alba cuid de riaghailtean a tha sònraichte do dh'Alba gus an riochdaich pròiseactan muinntir na h-Alba nas fheàrr. Tro bhliadhna an sgeama phìleatach, bidh Inbhean Iomadachd BFI mar phàirt de riaghailtean tagraidh Maoin Riochdachaidh agus Leasachaidh agus Maoin Fèisean Film Sgrìn Alba. Feumaidh sibh tagradh a dhèanamh thucasan mus dèan sibh tagradh ris a' mhaoin agus feumaidh sibh fianais mun tagradh a nochdadh (chan ann gun do shoirbhich leibh) gus tagradh a dhèanamh ris a' Mhaoin Prògram Fèis Film is Prògram Sgrìnidh.

Feumar freagairt air Inbhean Iomadachd BFI – Sgrìn Alba gus am faighear ionmhas, ged-tà, chan eil anns an fhreagairt air na h-inbhean ach earrainn den mheasadh air an tagradh agaibh ri Maoin Fèis Film is Prògram Sgrìnidh. Chan eil freagairt air na h-Inbhean a' ciallachadh ann fhèin gun do shoirbhich leis an tagradh ris a' mhaoin.

Buidhnean le dìth riochdachaidh

Tha na facail *buidhnean le dìth riochdachaidh a'* buntainn ri feadhainn a tha a' fulang le leth-bhreith air sgàth aon no barrachd de na feartan tha gan dìon fo Achd Co-ionannachd 2010.

Is iad na feartan a tha gan dìon ann an Achd na Co-ionannachd:

- Aois
- Ciorram
- Ath-bhuileachadh gnè
- Pòsadh is com-pàirteachas sìobhalta
- Torrachas is màthrachas
- Cinneadh
- Cràbhadh no creideamh
- Gnè
- Aidmheil cleamhnais

A bharrachd, aithnichidh sinn gu bheil cnapan-starraidh sònraichte ma choinneamh buidhnean le dìth-riochdachaidh ann an raoin sgrìn na h-Alba (an dà chuid air is far an sgrìn) ris nach buin na feartan a tha gan dìon fo Achd na Co-ionannachd 2010. Le sin, thathas cuideachd airson dèiligeadh ri dìth-riochdachadh am measg an fheadhainn a tha gan comharrachadh fhèin mar:

- B/bodhar
- Neach a bhuineas do dhualchas nach eil cho math dheth
- Neach a dh'fhiosraich an siostam cùraim
- A bha nan Luchd-cùraim
- Luchd-bruidhinn na Gàidhlig
- Nach bruidhinn Beurla mar am prìomh chànan
- De dhualchas Fògarrach agus Eilthireach
- A tha a' fuireach ann an Alba ann an sgìre le dìth riochdachaidh leithid sgìre, làrach no coimhearsnachd

Thagh sinn mìneachadh sònraichte airson com-pàirteachadh roinneil a thaobh cumadh sluagh is cruth sgìrean na h-Alba gus àitichean ann an Alba a ghabhail a-steach aig a bheil:

- Ìrean àrd de bhochdainn agus/no ioma-bhochdainn mar a mhìnichear ann an Cunntas Albannach Ioma-Bhochdainn (SIMD)
- Mar a mhìnichear ann an Seòrsachadh ochd-fhillte Dùthchail is Bailteil Riaghaltas na h-Alba a thaobh sluagh is astar mus ruigear sgìrean bailteil, leithid: Sgìrean Mòra Bailteil, Sgìrean Bailteil Eile, Bailtean Beaga Ruigsinneach, Bailtean Beaga Iomallach, Bailtean Beaga Fìor Iomallach, Bailtean Dùthchail Ruigsinneach, Sgìrean Dùthchail Ruigsinneach, Sgìrean Dùthchail Iomallach agus Sgìrean Dùthchail Fìor Iomallach.

A bharrachd air na buidhnean a dh'ainmichear gu h-àrd, ged a tha iad fhathast cudromach a thaobh taighean-deilbh, tha clann is òigridh a' fàs tearc mar luchd-amhairc – suidheachadh a dh'fhàs nas miosa mar thoradh air COVID-19 agus na h-atharraichean anns a' ghnìomhachas, agus tha iadsan cuideachd nam prìomhachas don mhaoin.

Gus dèanamh cinnteach nach buail atharraichean tomadach nur dèanadas air luchd-obrach no luchd-amhairc le na feartan a tha gan dìon, bithibh cinnteach gum beachdaich sibh air buaidh ur dèanadais. Bithear a' sùileachadh gun cleachd gach tagraiche ionadan so-ruigsinneach is in-ghabhaltach.

Goireasan EDI feumail:

'S e a tha ann an Inclusive Cinema pròiseact air feadh na RA a rinneadh le Lìonradh Luchd-Amhairc Film (FAN) aig am BFI. Rinneadh e gus taic a chur ri luchd-

taisbeanadh sgrìn agus 's e a th' ann goireas pailt le clàran-iùil ciamar a nithear rudan, fiosrachadh is eisimpleirean feumail, agus ceanglaichean do thrèanadh is càite am faighear ionmhas. <https://inclusivecinema.org/>

Bidh The Bigger Picture (a rinneadh le FAN) cuideachd a' nochdadh mar a tha luchd-taisbeanadh film às air feadh na RA a' dèanamh diofar, le eisimpleirean, aistean, cunntasan-iùil agus rannsachadh a rinneadh le luchd-taisbeanadh do luchd-taisbeanadh. <https://www.the-bigger-picture.com/guides/>

'S e aon dòigh mhath a bhith cinnteach gu bheil co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltachd am broinn obair na buidhne agaibh Plana Gnìomh Co-ionannachdan, Iomadachd agus In-ghabhaltachd (EDI) a chruthachadh. Dheasaich Alba Chruthachail sreath de mholaidhean a chleachdas taighean-dhealbh gus dèiligeadh ri leithid neo-ionannachd, dìth conaltraidh agus às-dùnadh cultarach.

<https://www.creativescotland.com/resources/professional-resources/guidance-and-toolkits/equalities,-diversity-and-inclusion-action-plans-a-toolkit>

Am feum sibh cuideachadh no taic ruigsinneachd mus dèan sibh tagradh?

Tha e na rùn aig Alba Chruthachail gum bi pròiseasan tagraidh ann a tha soilleir is ruigsinneach agus gum bi prògraman againn a tha fosgailte do na h-uile. Tha am fiosrachadh seo ri fhaighinn ann an cruthan eile ma dh'iarrar, a' gabhail a-steach eadar-theangachaidhean.

Tha sinn a' tairgsinn taic ruigsinneachd do dhaoine air a bheil ciorram, a tha a rèir feumalachdan gach neach a nì iarrtas. Tha taic a' gabhail a-steach Eadar-mhìneachairean Cànan Soidhnidh airson coinneamhan agus taic le sgrìobhadh airson daoine air a bheil dyslexia. Is urrainn do dh'oifigearan comhairle a thoirt do thagraichean ùra agus taic a thoirt dhaibh gus tagraidhean a dhèanamh.

Is urrainn do Sgioba na Co-ionannachd taic fa leth a thoirt do dhaoine aig a bheil feumalachdan ruigsinneachd. Thoiribh fa-near gun gabh sinn ri tagraidhean agus stuthan taic a tha sgrìobhte anns a' Bheurla, sa Ghàidhlig no sa Bheurla Ghallda.

Ma tha sibh B/bodhar agus nur cleachdaiche BSL, faodar cothrom fhaighinn air na seirbheisean tron phrògram Contact Scotland-BSL.

Fios a chur dhan Sgioba Ceist againn

Ma tha a' chòrr a cheistean agaibh mun mhaoin seo, cuiribh fios gun t-Seirbheis Ceist againn. Faodar seo a dhèanamh tro phost-d, tron làrach-lìn no meadhanan sòisealta againn.

Post-d: enquiries@creativescotland.com

Lìon: Cuiribh fios thugainn tro [ar làrach-lìn](#)

Twitter: Cuiribh tweet thugainn [@screenscots](#)

Tha sinn ag amas air freagairt sgiobalta a thoirt do gach ceist. Ma tha sibh ag iarraidh oirnn fònadh air ais thugaibh, thoiribh dhuinn ur n-àireamh is thig sinn air ais thugaibh cho luath is a ghabhas.

Ciamar a nithear tagradh?

Feumar tagraidhean a dhèanamh air an fhoirm iarrais airson Maoin Fèisean Film agus Prògram Sgrìnidh, a tha ri fhaighinn air làrach-lìn Sgrìn Alba:

www.screen.scot/funding-and-support/funding/film-festival-and-screening-programme-fund

Bu chòir foirmean lìonnte agus na stuthan taic (faicibh an roinn 'Dè na Stuthan Taic a dh'fheumas mi a chur' airson barrachd mìneachaidh) a uile a chur gu:

screen@creativescotland.com.

CUDROMACH Mus cuir sibh tagradh don mhaoin seo feumar dèanamh cinnteach gun do chuir sibh ur tagradh do dh'Inbhean Iomadachd BFI - sgeama pìleatach Sgrìn Alba. Airson barrachd fiosrachaidh air mar a nithear seo rachaibh gu:

www.bfi.org.uk/inclusion-film-industry/bfi-diversity-standards/bfi-diversity-standards-screen-scotland-pilot

Dè na Stuthan Taic a dh'fheumas mi a chur?

A bharrachd air a' bhileag tagraidh air a lìonadh, tha na stuthan taic a leanas a dhìth:

- Fianais mun tagradh agaibh gu [Inbhean Iomadachd BFI - sgeama pìleatach Sgrìn Alba](#).
- Sgrìobhainn planaidh a' mìneachadh a' phrògram a tha sibh a' cur romhaibh (faodaidh seo a bhith ann an cruth dreachd le tiotal nach deach co-dhùnadh, ach feuch an innis sibh cuin a bhios seo a' tachairt.)
- Plana margaidheachd is PR, le clàr-ama.
- Buidseit crìochnaichte agus plana ionmhais agus feumar na leanas a bhith nan cois, ann an co-cheangal ri plana a' phròiseict: – ìrean san uair agus uairean-obrach airson gach neach-obrach pàighte agus co-chomhairlichean; - soilleireachd air dè an teachd a-steach a tha ann an stuthan (taic com-pàirteachais, uairean saor is an-asgaidh, 7c.) agus dè an teachd a-steach airgid a tha ann; agus a bheil e tèarainte no nach eil. – teachd a-steach a thathas a' sùileachadh à thiocaidean agus briseadh sìos air mar a thèid seo a chruthachadh. - cosgaisean co-cheangailte ri ruigsinneachd
- Poileasaidh dìon COVID-19.
- Ur Poileasaidh Co-ionannachd Chothroman (ma tha Plana Gnìomh Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhaltachd, cuiribh seo a-steach cuideachd).
- Measadh Chunnartan a' cleachdadh a' chlàir a tha air làrach-lìn na maoin.

Chan eil na stuthan taic a leanas ach roghainneach agus measar ur tagradh san aon dòigh ged a bhiodh iad ann no nach biodh:

- Prògraman a rinneadh roimhe.
- Litrichean Rùin bho Chom-pàirtichean.
- Bileag Sgrùdaidh Co-ionannachd Sgrìn Alba. Molamaid gu làidir dhuibh seo a lìonadh gus ar cuideachadh adhartas, no an caochladh, a mheas san roinn seo.

Dè an ath rud a thachras, aon uair is gum faighear mo thagraidh?

Ceum 1: A' faighinn an tagraidh

Goirid às dèidh dhuibh ur tagradh a chur a-steach, gheibh sibh freagairt bhon t-siostam ag innse gun d' fhuaras an tagradh agaibh. Mura fhuair sibh am post-d fèin-ghluaiseach seo feuch na pasgan spam, pasgan sgudail agus rudan a dhubhadh às agaibh. Mura h-eil sgeul air fhathast, cuiribh fios thugainn aig screen@creativescotland.com cho luath is a ghabhas gus an toir sinn sùil feuch an d' fhuair sinn an tagradh agaibh.

Ceum 2: Sgrùdadh ion-roghnachd agus measaidhean

Às dèidh dhubh ur tagradh a chur a-steach, nì sinn lèirmheas air feuch a bheil e iomlan agus ion-roghnach. Mura coilean sibh na slatan-tomhais ion-roghnachd airson maoineachadh Sgrìn Alba, cha mheasar an t-iarrtas agaibh. Cuirear fios thugaibh a dh'innse seo, agus na h-adhbharan, tro phost-d.

Feumar gnothaichean ann an tagradh a nithear agus a mheasar **neo-iomlan** a chur ceart mus measar iomlan e agus gus am bi e deiseil gluasad air adhart airson measadh. Anns na suidheachaidhean sin, tòisichidh clàr ama nan 12 seachdain bhon cheann-là nuair a mheasar an tagradh **iomlan** – agus **chan ann** bhon cheann-là a chuireadh a-steach e.

Measar iarrtasan coileanta is ion-roghnach le Oifigearan sònraichte Sgrìn Alba a rèir nan slatan-tomhais is prìomhachasan a chuireadh an cèill san stiùireadh seo. Nithear measadh stèidhichte air an fhiosrachadh a chuireadh thugainn anns a' bhileag tagraidh agaibh agus ann an stuthan taic sam bith a chuireas sibh thugainn. Dh'fhaodte gun cuir sinn fios thugaibh rè a' phròiseis measaidh gus barrachd fiosrachaidh iarraidh mun phròiseact agaibh no gus soillearachadh iarraidh a thaobh an fhiosrachaidh a chuireadh thugainn.

Thoiribh fa-near gum feum tagraidhean soirbheachadh ann am pròiseas Inbhean Iomadachd BFI – Sgrìn Alba mar phàirt den mheasadh seo. Mura freagair ur pròiseact air na h-Inbhean cuiridh muinntir Sgrìn Alba fios thugaibh gus bruidhinn air an seo còmhla ribh. Is dòcha gun adhbhraich seo dàil anns a' phròiseas measaidh. Tha e riatanach freagairt air na h-Inbhean, ach chan eil e a' ciallachadh ann fhèin gun do shoirbhich leis an tagradh ris a' mhaoin seo.

Às dèidh a' chiad mheasaidh, molaidh an t-oifigear measaidh am bu chòir no nach bu chòir ur tagradh ionmhas fhaighinn. Faodaidh an t-oifigear measaidh cuideachd moladh gum bu chòir dhuibh suim nas lugha fhaighinn na bhathas ag iarraidh agus minichear carson a tha seo. Is dòcha gum molar cumhaichean tabhartais aig an ìre seo cuideachd.

Ceum 3: Co-dhùnadh

Beachdaichidh is aontaichidh bòrd de luchd-obrach buntainneach à Sgrìn Alba mun mholadh, agus Stiùiriche no Àrd-stiùiriche Sgrìn anns a' chathair. Measaidh a' bhuidheann airidheachd gach tagraidh fa leth mar a chuireadh an cèill anns a' mheasaidh agus a rèir nan raointean prìomhachais mar a dh'innsear gu h-àrd.

Air sgàth iarrtais, cha tèid leinn air taic a chur ri gach uile tagradh a gheibh sinn. Ge-tà, bheir sinn fios air ais do thagraichean neo-shoirbheachail - agus ma dh'iarras tagraiche neo-shoirbheachail tagradh a-rithist cha ghabh sinn ri iarrtas airson an aon phròiseact ach a-mhàin ma chaidh dèiligeadh ris na h-adhbharan airson nach do shoirbhich leis roimhe, agus ma cheadaicheas na clàran-ama. Bu chòir ath-thagraidhean an aon phròiseas is clàr-ama a leantainn ri tagraidhean ùra. Cha chleachd sinn dòigh-obrach san t-slighe luath.

Ceum 4: Co-dhùnidhean

Tagraidhean a fhuair maoineachadh

Nuair a tha sinn air co-dhùnadh a dhèanamh, cuiridh sinn post-d gus innse dhuibh mar a chaidh leis an tagradh agaibh.

Mas e is gu bheil sibh soirbheachail, cuiridh sinn fiosrachadh a bharrachd thugaibh mun phrògram agus bheir sinn Aonta Maoineachaidh dhuibh. Feumaidh sibh na teirmichean is cumhaichean uile anns an Aonta Maoineachaidh a thoirt fa-near is a leantainn. Aig an ìre seo iarraidh sinn am fiosrachadh banca agaibh cuideachd. Feumaidh sibh clàr le làmh-sgrìobhadh den Aonta Maoineachaidh a thilleadh. Thig am pàigheadh ann an dà earrainn. Aon uair is gu bheileas air na cumhaichean uile a ruighinn fuasglaidh sinn a' chiad earrainn den tabhartas agaibh (75%). Aon uair is gu bheil an dèanadas agaibh deiseil is pàipearan buntainneach crìoch pròiseict againn fuasglaidh sinn an dàrna earrainn (25%).

Foillsichidh sinn na tabhartasan uile air làraich-lìn Sgrìn Alba is Alba Chruthachail.

Tagraidhean nach d' fhuair maoineachadh

Cuiridh sinn post-d gus innse dhuibh mar a chaidh leis an tagradh agaibh. Innsidh sinn dhuibh carson nach d' fhuair an tagradh agaibh ionmhas agus cuiridh sinn fios a bharrachd thugaibh ma dh'iarrar. Faodaidh sibh cur a dh'iarraidh clàr de mheasadh a' phròiseict agaibh gus tuigse dè cho math is a fhreagar e air feumalachdan na maoin.

Dion Dàta:

Feumaidh Alba Chruthachail beagan fiosrachaidh pearsanta mur dheidhinn gus beachdachadh air an iarrtas agaibh airson maoineachadh. Às aonais an fhiosrachaidh cha tèid aig Alba Chruthachail air an iarrtas a thoirt air adhart. Ma thathas airson tuairisgeul fhaicinn air an fhiosrachadh phearsanta a tha a dhìth air Alba Chruthachail, carson a tha e a dhìth, dè nì Alba Chruthachail leis an fhiosrachadh sin agus dè cho fad 's a chumas Alba Chruthachail e, tha Brath Prìobhaideachd Alba Chruthachail ri fhaighinn air-loidhne aig <https://www.creativescotland.com/privacy-policy>

Dh'fhaodadh gun roinn Alba Chruthachail am fiosrachadh pearsanta agaibh le treas-phàrtaidhean gus gèilleadh dhan lagh agus/no dha com-pàirtean dligheach Alba Chruthachail agus/no na treas-phàrtaidhean a bhuineas ris.

Far a bheil am fiosrachadh pearsanta a thugadh dha Alba Chruthachail a' buntainn ri daoine (luchd) fa leth eile, thoiribh iomradh air a' Bhrath Phrìobhaideachd aig Alba Chruthachail. Dèanaibh cinnteach an Sanas Prìobhaideachd seo agus am Brath Prìobhaideachd aig Alba Chruthachail a cho-roinn leis an duine/na daoine seo.

Tha còraichean agaibh a thaobh an fhiosrachaidh phearsanta a th' aig Alba Chruthachail mur deidhinn fo lagh dìon dàta. Tha fiosrachadh air mar a chleachdar na còraichean seo ann am Poileasaidh Prìobhaideachd Alba Chruthachail no faodar fios a chur dhan Oifigear Dìon Dàta aig Alba Chruthachail aig dataprotection@creativescotland.com

Ma tha dragh sam bith oirbh a thaobh mar a làimhsich Alba Chruthachail an dàta pearsanta agaibh, bu chòir fios a chur dhan Oifigear Dion Dàta aig Alba Chruthachail sa chiad dol a-mach, oir bu toigh le Alba Chruthachail cothrom a bhith aca obrachadh còmhla ribh gus gearan sam bith fhuasgladh. Ma thathas fhathast mì-riaraichte, faodar gearan a chur gu Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh.

Pròiseas Ghearanan

Mura h-eil sibh toilichte le mar a làimhsich sinn ur tagradh, gheibh sibh clàr den pròiseas ghearan againn [air ar làrach-lìn](#). Thoiribh fa-near gum faod sibh gearan a-mhàin ma chreideas sibh nach do lean sinn ar pròiseas foillsichte nuair a bha sinn a' làimhseachadh ur tagradh. Chan urrainn dhuibh pròiseas nan gearan a chleachdadh gus tagradh a dhèanamh an aghaidh a' cho-dhùnaidh fhèin.

Saorsa an Fhiosrachaidh

Tha Alba Chruthachail an geall air a bhith cho fosgailte 's a' ghabhas. Tha sinn a' creidsinn gu bheil còir aig a' phoblach a bhith fiosrach air mar a chosgais sinn maoin a' phobaill agus mar a nì sinn ar co-dhùnaidhean maoineachaidh. Chìthear mion-

fhiosrachadh de ar dèiligeadh ri FOI air an làrach-lìn againn an seo:

www.creativescotland.com/foi

Tha sinn air ar clàradh mar ùghdarras poblach fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2000. A rèir an lagha, dh'fhaodamaid na sgrìobhainnean iarrtais agaibh agus fhiosrachadh mun mheasadh againn a thoirt gu ball sam bith den phobaill a dh'iarras am faicinn fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2000. Chan fhaodadh gum fuasglamaid na pàirtean sin de na sgrìobhainnean a tha fo aon no barrachd de na saorsachdan fon Achd.

Faicibh an làrach-lìn Saorsa an Fhiosrachaidh aig www.itspublicknowledge.info airson fios mun Achd san fharsaingeachd agus na saorsachdan.

Smachd air Taic-airgid

Tha an Tabhartas ga thoirt seachad mar taic-airgid neo-bhuailteach fo Earrainn 3.2(4) de Aonta Malairt is Co-obrachadh nan EU/RA. Tha mullach de 325,000 Còraichean Tarraing Sònraichte ann (faodaidh ìrean tionndaidh SDR atharrachadh ann an luach.) Chithear clàr-tionndaidh an seo <https://fx-rate.net/SDR/GBP/> do thaicean-airgid a bheirear do aon chuspair eacanomaigeach fon Earrainn seo thairis air 3 bliadhna. Bidh taicean-airgid Earrainn 3.2(4) sam bith (no taic coltach riutha, a' gabhail a-steach taic "de minimis" a thugadh seachad ro 31 Dùbhlachd 2020 fo Riaghailt a' Choimisein (EU) Àir 1407/2013) a thugadh don neach a fhuair an tachartas buntainneach ma bhios an neach airson tagradh a dhèanamh, no air tagradh a dhèanamh, airson taicean-airgid Earrainn 3.2(4) sam bith.

Feumaidh an Neach a fhuair an tabhartas an t-Aonta seo a chumail airson 3 bliadhna bho cheann-là an Aonta seo agus a nochdadh ma dh'iarras ùghdarrasan poblach na RA. (Is dòcha gum feum an Neach a fhuair an tabhartas an t-Aonta seo a chumail nas fhaide na trì bliadhna airson adhbharan eile)